

Cànan nan Gàidheal

(Karen Matheson)

Murchadh MacPhàrlain
(70. léta 20. stol.)

♩. = 55

1. Cha b'è sneach-da 's an reò-thadh bho thu - ath, ____ cha b'è'n cran-nadh geur fu - ar bho'n
ear, ____ cha b'è'n t-uis - ge 's a' ghail - lion bho'n iar ____ ach an ga - lair a bhli - an bho'n
deas blàth, duil - leach, stoc a - gus freumh cà - nan mo threubh _'s mo shluaidh. ____ R. Thig
thu - gainn, thig cò - ruim gu si - ar ____ gus an cluinn sinn ann cà - nan nam Fèinn. ____ Thig
thu - gainn, thig cò - ruim gu si - ar ____ gus an cluinn sinn ann cà - nan nan Gàidheal.

2. Nuair chithear fear-fèilidh'sa ghleann
Bu chinnteach gur Gàidhlig a' chainnt
Nuair a spion iad a threumh as an fhonn
'N àite Gàidhlig tha cànan a ghoill
'S a Ghaidhealtachd creadhal-nan-sonn
'S tìr Mhajors is Cholonels 'n diugh innt'

R. Thig thugainn ...

3. "Thoir a nuas dhuinn na coinnleirean òr
'S annt caraibh na coinnlean geal cèir
Lasaibh suas iad an seòmair a' bhròin
Tigh-aire seann chànan a' Ghàidheil"
'Se siud o chionn fhad' thuirt an nàmh
Ach fhathast tha beò cànan a' Gàidheal

R. Thig thugainn ...

4. Ged theich i le beath' às na glinn
Ged na cluinnear a-nis muigh i's an Dùn
O Dhùthaich MhicAoidh, fada tuath
Gu an ruig thu Druim-Uachdar nam bò
Gidheadh, anns na n-Eileanan Siar
'S i fhathast ann ciad chàinnt an t-sloigh

R. [: Thig thugainn ... :]